

NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNAIS

Thar nan 30 bliadhna mu dheireadh tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith lèirsinneach a thaobh a bhith ag aithneachadh feumalachd carthannais agus a' stèidheachadh agus a' cur air adhart bhuidhnean carthannais airson coinneachadh ris an fheumalachd. Bho thòisich Urras a' Phrionnsa ann am meadhan nan 1970an, tha an ùidh a tha aige ann an carthannas air fàs chun na h-ìre gu bheil na 16 prìomh bhuidhnean carthannais a' riochdachadh, mar bhuidheann, an tionnsgain carthannais ioma-adhbhair as motha san Rìoghachd Aonaichte.

Tha na buidhnean carthannais a' nochdadh lèirsinn a' Phrionnsa san fhad-ùine agus tha iad còmhla a' feuchainn ri cuideachadh ann an raointean le feumalachdan nach robh roimhe air an còmhach. Tha an obair aca cho mòr 's gun robh Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa a' cur feum air cuideachadh bho A Mhòrachd Rìoghail ann an 2005-06, gu dìreach no gu neo-dhìreach, ann a bhith a' togail mu £110 millean gus taic a chur ris an obair aca.



£110 MILLEAN AIRSON CARTHANNAS

Mar neach-tionnsgain carthannais, 's iongantach mur ann airson Urras a' Phrionnsa a stèidheachadh as ainmeile a tha Prionnsa na Cuimrigh. Tha a' bhuidheann charthannais seo a' cuideachadh òigridh gu bhith a' faighinn thairis air cnapan-starra a tha romhpa mus soirbhich leotha nam beatha. 'S e an t-Urras a-nis a' bhuidheann charthannais as motha san rìoghachd do dh'òigridh. Ann an iomadh dòigh tha an t-Urras, a bhios 30 am-bliadhna, na shampall airson dòigh-obrach A' Phrionnsa a thaobh tionnsgain carthannais. Bidh e an toiseach a' comharrachadh feum, an uairsin a' stèidheachadh buidheann charthannais airson coinneachadh ris an fheum sin, mus tèid e air adhart a chumail sùil air a ro-innleachd is a stiùireadh is a thogail airgead airson an obair a mhaoinneachadh.

Ann an 2005-06 chuidich Am Prionnsa ann a bhith a' togail £110 millean, ann an dòigh air choreigin, gus taic a chur ri obair a 16 prìomh bhuidhnean carthannais.

Bho chaidh Urras a' Phrionnsa a stèidheachadh ann an 1976, tha A Mhòrachd Rìoghail air suidheachadh no air a bhith na Cheann-suidhe air 16 buidhnean a tha a' cuimseachadh air raointean a tha cudromach do dhòigh-beatha dhaoine; dachaighean is coimhearsnachdan, slàinte, foghlam, obair, an àrainneachd is na h-ealain.

Tha iad a' gabhail a-steach raon de ghnìomhan bho obair thùsaireach le òigridh gu bhith ag aisig is ag àrach àrainneachd fhallain, gu bhith a' brosnachadh cùram sòisealta am measg cheannardan gnìomhachasan. Tha dà bhuidheann maoineachaidh carthannais ann a thuilleadh air na prìomh bhuidhnean gnìomhachail, UK Prince's Charities Foundation agus an US Foundation, a tha le chèile air a stiùireadh le Oifis Prionnsa na Cuimrigh. Tha an taic ionmhasail a tha Prionnsa na Cuimrigh a' toirt dha bhuidhnean carthannais a' tighinn bhon dà bhunait charthannais aige agus bho soirbheachas Duchy Originals, aon de na prìomh aithinnean san R.A. airson biadh is deoch organaig. Tha na prothaidean bhon seo gu lèir a' dol gu Bunait Charthannais A' Phrionnsa.

Ged a tha na buidhnean carthannais uile neo-eisimeileach le bùird-stiùiridh fa leth, tha iad ag obrachadh gu dlùth còmhla le ceanglaichean coitcheann leithid an aon ainm buidhne, Carthannas A' Phrionnsa (faic td 56), agus tha dlùth cheangal aca ri Oifis nam Buidhnean Carthannais aig Clarence House. Tha iad fo stiùireadh Sir Tom Shebbeare ann an cùisean leithid riaghladh corporra, togail maoin, planadh is conaltradh. Tha na buidhnean carthannais uile air gabhail ri còd-obrachaidh saor-thoileach a thaobh nan cùisean sin.

Tha Oifis nam Buidhnean Carthannas cuideachd a' gnìomhachadh tro bhith tòiseachadh is a' leasachadh thionnsgainean ùra leithid the Bhumi Vardaan Foundation, a chaidh a chur air bhog sa Mhàrt nuair a bha Am Mòrachdan Rìoghail air turas gu Punjab, agus Cambridge Programme for Teaching, (leudachadh de a Education Summer School) a chaidh a chur air bhog san Ògmhios 2006. A thuilleadh air a phrìomh bhuidhnean carthannais, tha Am Prionnsa na Cheann-suidhe no na Chùl-taic air còrr air 370 buidheann carthannais anns a bheil ùidh làidir aige.

**Ged a tha na buidhnean carthannais
neo-eisimeileach le bùird-stiùiridh fa leth,
tha iad ag obair gu dlùth còmhla,
le ceanglaichean coitcheann
leithid an aon ainm buidhne,
Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa,
agus tha dlùth cheangal aca ri
Oifis nam Buidhnean Carthannais
aig Clarence House.**

1976-2006

“Tha thu uaireannan air do tharraing gus na buidhnean òigridh sin a chur fo aon ainmear: mar dhaoine òga gun ainm, gun aghaidh, ‘òigridh’, ‘hoodies’, ‘tràillean dhrugaichean’ no ‘ùmaidhean’.

Gun teagamh, bu chòir dhuinn dol a-mach oilbheamach no mì-laghail a chronachadh, ach chan urrainn dhuinn a h-uile òigear a aig a bheil trioblaidean na bheatha a dhìteadh.

Feumaidh sinn gabhail ris an òigridh uile gu pearsanta agus na sgilean a tha iad a’ feumachadh airson soirbheachadh a thoirt dhaibh. San dòigh seo nì sinn tasgadh san àm ri teachd gus am builich daoine òga an làn chomasachd dhaibh fhèin, dhan coimhearsnachdan, dhan dùthaich.

A’ comharrachadh nan 30 bliadhna, ’s ann airson seo a tha an t-Urras agam.”

Prionnsa na Cuimrigh, 2006

1976

A' COMHARRACHADH 30 BLIADHNA DE CHUIDEACHADH DHA ÒIGRIDH

Chuir Prionnsa na Cuimrigh Urras a' Phrionnsa air chois le pàigheadh dealachaidh £7,400 an Nèibhidh. Ruith an t-Urras 21 pròiseactan dearbhaidh tron dùthaich. Chaidh tabhartasan a thoirt dha Pauline O'Halloran, 19 bliadhna a dh'aois, airson ionad òigridh air Oighreachd Thaigheadais Haggerston ann an ceann an ear Lunnainn, a ruith agus do dhithis a bha nan eucoraich, airson club iasgaich a ruith. Chaidh amaran-snàimh sa Chòrn fhadstadh le maoinachadh bhon Urras airson luchd-teasairginn òg agus airson sgeama càraidh bhaidhsagal fèin-chuideachaidh.

Seo dealbh de Urras a' Phrionnsa thar nan trì dheicheadan mu dheireadh. Airson barrachd fiosrachaidh mun Urras tadhalaibh air: www.princes-trust.org.uk

“Mura b' e Urras a' Phrionnsa bhithinn-sa sa phrìosan, ann an ciste-laighe no nam laighe sa guitear le snàthad nam ghàirdean.”

Barry Charlton, 2006

“Tha na leudachaidhean as luaithe ann am fèin-obrachaidh nar n-eachdraidh, gun teagamh, ri linn brosnachadh Urras a' Phrionnsa.”

Gordon Brown, 2004

1983

Tha am Prògram Gnothachais air a chur air bhog gus cuideachadh a thoirt do dh'òigearan 18-30 bliadhna airson an gnothachasan fhèin a thòiseachadh le bhith tabhann iasadan le riadh iosal is tabhartasan dhan fheadhainn aig nach eil dòigh eile air an calpa a thogail.

1986

Companaidh clòmhrachain, Attik air tabhartas de £1,000 fhaighinn. Tha e a-nise na iomairt-dealbhachaidh eadar-nàiseanta iom-mhilleach.

1990

Prògram Saor-thoileach – a chaidh atharrachadh gu am Prògram Sgioba ann an 2003 – air a chur air bhog. Tha an cùrsa 12 sheachdaineach seo a' toirt fèin-mhisneachd is brosnachadh do dhaoine òga.

1990

Ionadan-taic sgrùdaidh air an tòiseachadh, f faighinn taic an Riaghaltais seachd bliadhna an dèidh sin. Clubaichean XI dha sgoiltean a' tighinn ann an 1998.

1991

Prògram Tosgaireach an Urrais a' tòiseachadh gu h-oifigeil– tha e air ceudan de rionnagan bho saoghail a' chiùil, spòrs agus cleasachd, a thoirt a-steach.

1997

Sgeama Leaving Care a' tòiseachadh.

1999

Prògram airson cothroman òigridh ann an ceàrnaidhean dùthchail air a chur air bhog.

2004

Prògram sgilean “Get Into” a' tòiseachadh, a' gnìomhachadh ann an roinnean leithid còcaireachd, spòrs is aoigheachd.

“Ma sheallas tu ri Urras a' Phrionnsa 's e, 's dòcha, aon de na buidhnean saor-thoileach as soirbheachaile san t-saoghal, gun luaidh air san dùthaich seo.”

Tony Blair, 2006

BUNAIT BHUMI VARDAAN

Chaidh Iomairt Prionnsa na Cuimrigh sna h-Innseachan a chur air chois an dèidh a thurais gu na h-Innseachan san Fhoghar 2003, leis an amas a bhith a' toirt taic làn-ùine ionmhasail is practaigeach do bhuidheann de bhuidhnean saor-thoileach a' saothrachadh ann an raointean eadar-dhealaichte, ach dàimheil, leithid uisge is cùram-slàinte, sgilean ciùird is dualchas, agus tionnsgain òigridh.

Thill A Mhòrachd Rìoghail a choinneachadh ri cuid de na buidhnean sin rè a thurais dha na h-Innseachan còmhla ri Bana-dhiùc na Còirn ann an 2006, turas air na chuir Am Prionnsa cuideachd Bunait Bhumi Vardaan air bhog, pròiseact a tha ag amas air tuathanaich a chuideachadh gus dòighean cinneachadh-bidhe nas seasmhaiche a leasachadh.

Air a dhealbhadh air soirbheachadh Duchy Originals, Companaidh-bidhe organaig A' Phrionnsa san R.A., tha Bhumi Vardaan a' sùileachadh an aon "virtuous circle" 's a chruthaich Duchy Originals. Le bhith a' brosnachadh tuathanaich Innseanach gu cleachdadh tuathanas nas seasmhaiche, agus a bhith a' margaidheachadh an stuthan fon aon ainm, 's e an amas taic a thoirt do choimhearsnachdan dùthchail, an àrainneachd a dhìon, biadh nas fheàrr fhàs, agus airgead a thogail dha deagh adhbharan sna h-Innseachan.

Stèidhichte ann am Punjab, bidh a' Bhunait ag obrachadh gu dlùth le luchd-seilbh thuathanachasan beaga gus an cuideachadh ag atharrachadh gu tuathanachas organaig, agus gus an stuth a reic ann am pacaidean ainmichte. Thèid prothaidean Bhumi Vardaan a thoirt air fad dha carthannas, gus cuideachadh le adhartachadh leasachadh seasmhach sna h-Innseachan le, mar eisimpleir, a' tabhann structaran tional-uisge agus a' leasachadh ghoireasan foghlaim is slàinte.

Ann an dòigh air choreigin, tha an t-aon amas aig Bhumi Vardaan agus aig na pròiseactan eile dha bheil Am Prionnsa toirt taic sna h-Innseachan: bunaitean airson leasachadh seasmhach a chruthachadh, bun-stèidh fìor is leantainneach sam bith adhartachadh ann an cùisean beatha.

COTHROM IS IOMAIRT

Tha Prionnsa na Cuimrigh air feuchainn fad iomadh bliadhna, tro a bhuidhnean carthannais, cuideachadh a thoirt dha daoine an tàlant is an comasachd a bhuileachadh, eadar gur ann a' toirt taic dha daoine òga gun chothroman tro obair Urras a' Phrionnsa, no le bhith a' toirt cuideachadh do dhaoine nas sine tro a bhuidheann charthannais, PRIME (Tionnsgnachd A' Phrionnsa airson Iomairt Inbheach), an aon bhuidheann nàiseanta coisrigte airson daoine thar 50 a chuideachadh ann a bhith a' stèidheachadh gnòthachas.

'S e Urras a' Phrionnsa a' bhuidhnean charthannais as aosta 's as ainmeile de bhuidhnean carthannais A Mhòrachd Rìoghail. Thoisich e i ann an 1976 leis an £7,400 de phàigheadh-dealachaidh a fhuair e nuair a dh'fhàg e an Nèibhidh Rìoghail. Tha i ag amas air cuideachadh a thoirt do dhaine bho 14 gu 30 airson an comasachd a bhuileachadh agus am beatha atharrachadh le bhith a' tabhann taic phractaigeach, trèanadh is faire, a thuilleadh air taic ionmhasail, dha tionnsganaich òga. Tha an Urras a' cuimseachadh gu h-àraidh air feadhainn do nach robh an sgoil furasta, a bha fo chùram, ann an trioblaid leis an lagh no a tha air a bhith a-mach à obair airson ùine fhada.

A h-uile bliadhna, bidh Am Prionnsa a' frithealadh raon farsaing de thachartasan, chuirmean is choinneamhan co-cheangailte ris an Urras. Tha tachartasan co-cheangailte ris a' charthannas air a ghabhail a-steach gu tric ann an tursan roinneil A Mhòrachd Rìoghail, a' gabhail a-steach, ann an 2005, tursan gu Beal Feairte, Richmond ann an Siorrachd Yorck a Tuath, Burnley agus Liverpool.

Ann am Burnley agus Liverpool, b' e spòrs cuspair nan tachartas, agus Am Prionnsa a' tadhal air dà chlub ball-coise airson faicinn mar a tha an t-Urras a' cleachdadh tlachd ann am ball-coise airson daoine òg a bhrosnachadh. Aig lann-cluiche Anfield ann an Liverpool, far an robh an t-Urras a' comharrachadh an 10,000mh com-pàirtiche na Iomairt Ball-coise, choinnich Am Prionnsa agus a' Bhana-dhiùc ri daoine òga a bha air buannachd fhaighinn bhon sgeama. Nam measg bha Delroy Naif, 20, à Toxteth, a sheall dhan Phrionnsa dealbh de a nighinn dà-bhliadhna a chaidh a thogail air fòn-làimhe. Thuir Delroy: "'S ise an t-adhbhar a chaidh mi an sàs ann an Urras a' Phrionnsa oir bha mi airson rudeigin, anns am biodh uail aic' annam, a dhèanamh."

Airson an dara bliadhna cho-leantail, chùm an t-Urras duaisean Celebrate Success, airson soirbheachadh dhaoine òga, bho air feadh na dùthcha, a fhuair buaidh air an duilgheadasan, a chomharrachadh. Bha an tachartas, a chaidh a chumail san Theatre Royal, Drury Lane ann an Lunnainn, sa Ghearran 2006, cuideachd a' comharrachadh cur air bhog oifigeil co-là-breith 30mh an Urrais.

GU H-ÀRD
Kynda Carter a' faighinn duais Iomairt RBS bhon Phrionnsa aig duaisean,
Celebrate Success Urras a' Phrionnsa air 20mh Gearran 2006.



Am measg an fheadhainn a fhuair duaisean bhon Phrionnsa is a' Bhana-dhiùc aig a' chuirm shònraichte bha Kynda Carter, 29, a bh' air a bheatha atharrachadh le taic bhon Urras an dèidh greis a chaitheamh sa phrìosan.

Nuair bha e sa phrìosan fhuair e a-mach gun robh liut aige ann an saorsainneachd. An dèidh am prìosan fhàgail thug an t-Urras iasad start-up dha agus tha e a-nis a' ruith a ghnòthachais fhèin ann an Hertford a' dèanamh leapannan giuthais agus staidhrichean spèisealta. An dèidh a dhuais fhaighinn, thuir Kynda: "Chan ann mu na tha thu a' dèanamh a tha a' chùis, an-còmhnaidh, ach mu na tha thu a' coileanadh."

Bha na facail sin mar mhac-talla de na thuir Am Prionnsa, a thuir na òraid aig Celebrate Success, "Tha mi fhathast a' creidsinn gu bheil tàlant no comas air choreigin aig gach òigear agus gu bheil cus dhiubh a' dol trom beatha gun na tàlantan sin a lorg no fhuasgladh. Sin as coireach gu bheil cuid gun fèin-dhiù is fèin-mhisneachd agus a' smaoinneachadh nach buin iad do dh'àite sam bith is nach eil dragh aig neach sam bith dhiubh. Tha mòran de na daoine òga sin air an ainmeachadh mar òigridh, hoodies, ùmaidhean no eile. Ach chan eil iad gun ainm, gun aghaidh. 'S e a th' annta ach daoine fa leth agus 's e na tha mi ag iarraidh bhom Urras, tasgadh nam beatha gus am faigh iad air beatha a chur seachad a tha coileanta is buannachdail dhaibh fhèin, dhan teaghlachan, dhan coimhearsnachdan is dhan dùthaich."



Prionnsa na Cuimrigh a' coinneachadh ri daoine òga bho iomairt sgioba Urras a' Phrionnsa nuair a bha e air turas ann an Cumbria.
Le cead bho Frederick Wilson.

SLÀINTE

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith an sàs airson ùine fhada ann an àireamh mhòr de dhiofar bhuidhnean slàinte a bhios e a' cuideachadh le taic phearsanta, maoinachadh is tursan tric gu ospadalan is taighean-eiridinn. Tha e cuideachd a' moladh dòighean-obrach aonaichte co-cheangailte ri cùram-slàinte. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cruthachadh àrainneachd riaghlaidh shòisealta a chuireas bacadh air euslaint, a thuilleadh air a bhith a' cleachdadh leasachaidhean lèigheil còmhla ri cuingidhean gnàthach.

Sa Chèitean 2005, ghabh A Mhòrachd Rìoghail an cothrom buannachdan slàinte aonaichte a chomharrachadh nuair a chaidh a dhèanamh na Neach-Caidreachais Urramach den Chomann Rìoghail Mheidigeach mar aithne air a thaic dha gach taobh de chùram-slàinte.

Ann an òraid, nuair a chaidh an Caidreachas a bhuileachadh air thuirt A Mhòrachd Rìoghail, gun robh an t-àm ann atharrachadh a dhèanamh san dòigh anns an robhas a' coimhead ri cùram-slàinte gu dòigh na b' aonaichte.

San Dàmhair 2005, cho-dhùin aithisg air eaconamachd cùram-slàinte a bharantaich Am Prionnsa, gun cuidicheadh barrachd cleachdaidh de leasachaidhean lèigheil ann a bhith a' lìonadh bheàrn de dh'èifeachdas ann an cùram-slàinte gnàthach. Na b' fhaid' air adhart san aon mhios ann an Lunnainn, bheachdaich dotairean teaghlach air an aithisg aig co-labhairt choisrichte GP Associates, lìonra ùr dha dotairean is cleachdairean cùram-slàinte gnàthach eile a tha a' toirt taic dha modh aonaichte.

Chaidh an lìonra a stèidheachadh le Bunait Slàinte Aonaichte Prionnsa na Cuimrigh, buidheann charthannais a tha ag adhartachadh is a' toirt taic dha solar cùram-slàinte tron R.A. agus a tha a' brosnachadh rannsachadh is rèiteachadh nas fheàrr co-cheangailte ri cleachdaidhean leasachadh lèigheil.



GU h-ÀRD
A' Bhana-dhiùc a' coinneachadh ri Jean Bishop air turas gun
Healthy Living Centre a th' air a ruith le Age Concern Hull. *Cead bho Robin Nunn.*

'S e prìomhachas a-riamh dha Mhòrachd Rìoghail a bhith ag obrachadh le buidhnean carthannais aillse, agus am measg thachartasan co-cheangailte ri aillse an-uiridh, chùm Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc cuirm aig Clarence House airson nan Calendar Girls, buill Women's Institute Siorrachd Yorc, a bha ainmeil airson an dealbh a thogail rùisgte airson mìosachan agus a thog còrr air £1 millean airson rannsachadh leukaemia. Thuir aon de na Calendar Girls, Angela Baker, aig an tachartas: "Tha e mìorbhaileach gu bheil a h-uile duine an seo an-diugh. Tha sin air ar cuideachadh is air uimhir de dhiofar a dhèanamh. Tha Am Prionnsa air a bhith còmhla rinn fad na slighe."

Mar a cèile, tha Bana-dhiùc na Còirn a' toirt taic dha buidhnean carthannais agus tha i nas ainmeile airson a bhith na Ceann-suidhe air Comann Nàiseanta Osteoporosis. B' ann san dreuchd seo a thadhail i ann an Hull sa Ghearran 2006 airson taing a thoirt dha luchd-obrach a bh' air £700,000 a thogail airson sganairian-chnàmh a cheannach dhan Ionad airson Metabolic Bone Disease ann an Ospadal Rìoghail Hull.

Aig an Ospadal, dh'innis A Mòrachd Rìoghail dha daoine bha faighinn leigheas airson osteoporosis mu a h-eòlas fhèin air an tinneas. Thuir i: "Chaidh mise an sàs le osteoporosis an dèidh dham mhàthair is mo sheanmhair le chèile bàsachadh ri linn an tinneis lèir-sgriosaich seo. An uairsin, o chionn 11 bliadhna, cha robh mòran iomraidh air osteoporosis, b' ann gann a bhathas a' lorg adhbhar air a shon is bhathas ga ainmeachadh mar thinneas seann bhoireannaich le Dowager's Humps. Thathas air leasachaidhean mòra a dhèanamh bhon uair sin, ach tha deagh astar againn ri dhol fhathast."

WELLSPRING HEALTHY LIVING CENTRE ANN AM BRISTOL

A h-uile dà bhliadhna, bidh Bunait Slàinte Aonaichte Prionnsa na Cuimrigh a' toirt dhuaisean dha buidhnean seirbheisean slàinte aonaichte a tha a' coinneachadh ri feumalachdan an coimhearsnachd ionadail. San Fhaoilleach 2006, chaidh duais Good Practice gun WellSpring Healthy Living Centre ann am Bristol.

Chaidh ionad a-staigh a' bhaile a dhealbhadh is a phlanadh le muinntir a' bhaile a bha air iarraidh modh cùram-slàinte na b'iomlaine a bha a' toirt suim dha iarrtasan slàinte sònraichte na coimhearsnachd.

Tha an t-ionad, dachaigh-obrach seirbheisean gnàthaichte na sgìre - a' gabhail a-steach dotairean is nursaichean, bùth ceimigeir, podiatrist, agus seirbheisean-taice alcoil is dhruagaichean - tha an t-ionad cuideachd a' tabhann cùram-slàinte traidiseanta a thuilleadh air clasaichean ealain is ciùird, taosgnadh-cuirp, leigheis deilgneach homeopathy, shiatsu agus aromatherapy.

Thuir Sian Delahaye bho Community at Heart, am pròiseact a mhaoinich an WellSpring Centre, gun robh i air leth toilichte gun robh Am Prionnsa air tadhal air an ionad airson an duais a libhrigeadh, duais a bheir tabhartas de £2,500 seachad airson cruthachadh Pròiseact Dhaoine nas Sìne. Thuir i: "Tha e mìorbhaileach gun tàinig e an seo. Tha am pàirt-sa den bhaile air a bhith a' fulang bho chion-diù cho fada 's gu bheil e mìorbhaileach a bhith a' faighinn aithne airson nan adhbharan ceart."

FOGHLAM

Tha dà phrìomh amas ann am beatha-obrach Prionnsa na Cuimrigh – cuideachadh a thoirt do dhaoine òga dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh agus a bhith a' cur air adhart tasgadh anns na tha ri thighinn airson na dùthcha. Bidh an dà amas sin a' tighinn còmhla anns an taic a bhios e toirt dha leasachaidhean agus cothroman foghlaim san R.A. Tha an taic seo follaiseach ann an iomadh buidheann chathrannais A Mhòrachd Rìoghail a thuilleadh air a bharrachd fad-beatha ann an Comann Nàiseanta nan Ceann-sgoile agus a chùl-taic do ghrunn chùisean foghlaim.

'S e an Education Summer School aige, a-nise na còigeamh bliadhna, aon de na prìomh iomairtean aige. Chaidh a stèidheachadh gus cothrom a thoirt do thidsearan Beurla is Eachdraidh àrd-sgoiltean coinneachadh gach bliadhna còmhla ri sgrìobhadairean is foghlamaichean cliùiteach gus beachdachadh air eileamaidean cudromach nan cuspairean aca agus brosnachadh ùr a lorg airson an cuid teagaisg.

Tha an Sgoil Shamhraidh air a bhith cho soirbheachail – chaidh an tè mu dheireadh a chumail san Ògmhios 2005 ann an Dartington Hall ann an Devon, agus bha luchd-làbhairt leithid Alan Bennett agus Seamus Heaney aice – agus bhon bhliadhna seo, gu bheil Am Prionnsa air com-pàirteachas ùr a stèidheachadh le Oilthigh Chambridge. Leanaidh an cùrsa ùr, a thèid fon ainm, The Prince's Cambridge Programme for Teaching, a' leudachadh na h-obrach a libhrig a' chiad còig Sgoiltean Samhraidh airson daingneachadh cho cudromachd 's a tha e eòlais is tlachd ionnsachaidh a thoirt seachad mar bhunaitean deagh foghlaim.

Chaidh an gluasad gu prògram maireannach le cùrsa còmhnaidheach aig a chridhe, ach a tha cuideachd a' toirt taic do thachartasan roinneil, lionra alumni agus cùrsaichean is co-chonaltraidhean làitheil, a dhèanamh air sgàth iarrtasan bho na tidsearan fhèin. Gach bliadhna tha barrachd air iarraidh chun tachartais na ghabhas e le còrr air 500 tidsear air buannachd fhaighinn bhon Sgoil sa chiad còig bliadhna aice, is bha A Mhòrachd Rìoghail den bheachd gun robh an t-àm ceart airson an ath cheum air adhart a ghabhail. Thathas a' stèidheachadh buidheann ùr charthannais airson prògram Oilthigh Chambridge a stiùireadh.

San t-Samhain 2005, thadhail A Mhòrachd Rìoghail air Roinn an Fhoghlaim is Sgilean ann am meadhan Lunnainn gus ionnsachadh mun obair a bha an roinn a' dèanamh. Bha coinneamh aig A' Phrionnsa leis an Rùnaire Stàite airson Foghlam is Sgilean a bh' ann an uairsin, Ruth Kelly, ghabh e cuairt tron roinn agus bhruidhinn e ri buill an luchd-obrach.

An uairsin chaidh Am Prionnsa gu Edgware gun North London Collegiate School airson oileanaich a choinneachadh is pàirt a ghabhail ann an clasaichean, a' gabhail a-steach Beurla is Dràma. Tha an sgoil nighinn, a chaidh a stèidheachadh ann an 1850 leis an tùsaire foghlaim Bhictorianach, Frances Mary Buss, air a meas mar aon de na h-ionadan foghlaim as fheàrr san dùthaich, agus aig a bheil ceanglaichean làidir ri sgoiltean coitcheann ann an Dagenham, Hounslow, Stanmore agus Islington. Chrìochnaich Am Prionnsa an là ann an Oilthigh Oxford, far na choinnich e ri oileanaich is luchd-obrach a bha an sàs ann an rannsachadh is leasachadh biomimetics (a tha a' feuchainn ri structaran bho nàdar fhilleadh a-steach ann an teicneòlas làmh-dhèanta) mus deach e gu Trinity College agus St John's College airson an 450mh cuimhneachan-bliadhna a chomharrachadh.

ÀRD-SGOIL WALTON

San Dàmhair 2005, thadhail Prionnsa na Cuimrigh air Àrd-sgoil Walton ann an Nelson, Lancashire (gu h-Iosal), a choinneachadh ri oileanaich a bha a' gabhail pàirt ann am prògram clubaichean XI Urras a' Phrionnsa, iomairt foghlaim tron dùthaich airson cuideachadh a thoirt do chlànn-sgoile nach eil a' coileanadh a rèir an comais. An-uiridh, chuidich clubaichean XI a bha a' gnìomhachadh ann an 667 sgoiltean tron RA còrr air 12,000 sgoilear aig an robh duilgheadas a' cumail suas len sgoilearachd. Ag amas air togail a thoirt do mhìseachd, bhrosnachadh is fèin-mheas dhaoine òga, fhad 's a tha leasachadh ga dhèanamh air na sgilean practaigeach aca is an tarraing dha fastairean, tha gach club XI a' toirt mu dhusan oileanach còmhla airson co-dhiù trì uairean a thide san t-seachdain gus pàirt a ghabhail ann an obair-sgioba co-cheangailte ri pròiseactan coimhearsnachd is cur-seachad.

Nuair a thadhail e air Àrd-sgoil Walton, chaidh innse don Phrionnsa mar a dh'atharraich club XI na sgoile beachdan mòran de na sgoilearan a bha an sàs ann, a' toirt piseach air an clàran frithealaidh is ìrean coileanaidh. Tha Sarah, ball de chlub XI ann an sgoil ann an Alba, na h-eisimpleir den fheadhainn a fhuair cuideachadh bhon phrògram. Tha i ag ràdh: "Mus deach mi an lùib club XI cha bhithinn a' dol dhan sgoil ro thrì. Tha XI air toirt orm dearbhadh don fheadhainn a bha smaoineachadh nach robh feum annam gun deigheadh agam air a bhith soirbheachail is air m' obair a dhèanamh. Tha mi a-nis sa cholaiste a' dèanamh cùrsa air siubhal is turasachd....Tha mi cuideachd a' cuideachadh buill ùra XI club oir tha mi airson gun soirbhich leotha le XI. Mura biodh XI cha bhithinn-sa air a thighinn dhan sgoil idir. Tha mo shoirbheachadh uile ri linn XI."



Cead bho Arthur Edwards.

GNÌOMHACHAS CUNNTASAIL

Leis an ùidh a bh' aige riamh ann an cùisean coimhearsnachd agus a dhlùth cheanglaichean le daoine cliùiteach bho saoghal a' ghnìomhachais, tha deagh chothrom aig Prionnsa na Cuimrigh inbhe a chleachdadh gus taic a thoirt do leasachadh ann an iomairtean co-cheangailte ri uallach sòisealta corporra tron RA agus thall thairis. Tha e a' creidsinn gu bheil comas aig an roinn phrìobhaidh diofar mòr a dhèanamh dha mòran de na dùbhlain is na duilgheadasan a tha mu choinneimh coimhearsnachdan.

Tha a bhith a' brosnachadh gnìomhachasan gus cuideachadh le lùghdachadh duilgheadasan sòisealta, air a bhith aig cridhe obair Business in the Community (BITC), aon de bhuidhnean mòr carthannais A' Phrionnsa, lionra le ballrachd a tha còrr air 750 gnìomhachas, is iad uile dealasach air obrachadh còmhla gus a' bhuidhe a th' aca air daoine is an àrainneachd àrdachadh.

'S e prògram Seeing is Believing (SIB) Prionnsa na Cuimrigh aon de na h-iomairtean as soirbheachail de na BITC, a tha a' brosnachadh stiùirichean gnìomhachasan gu bhith a' dèiligeadh ri duilgheadasan sòisealta le bhith a' tadhal air na ceàrnaidhean bailteach as easbhaidhaiche airson na dùbhlain fhaicinn dhaibh fhèin. San Dùbhlachd 2005, chomharraich A Mhòrachd Rioghail 15mh cuimhneachan SIB aig co-labhairt is cuirm ann an Lunnainn.

Am measg nam prògraman a chaidh a stèidheachadh mar thoradh air tadhal SIB tha iomairt, Business Action on Homelessness, agus bhruidhinn aon de a dhileabaich ri stiùirichean gnìomhachais aig a' cho-labhairt. Mhìnich Mark Davies, fear a bha uair na fhear-seirbheis gun dachaigh is na thràill dhruagaichean, dhan luchd-èisteachd mar a dh'atharraich BITC a bheatha. An dèidh ùine a chaitheamh sa phrìosan chaidh Mgr Davies tro program detoxification mus do thòisich e air greis gnìomhachais a chuir BITC air dòigh dha. Tha obair làn-ùine aige a-nis mar pheantair is sgeadaiche agus, mar a mhìnich e: "Chan e galar a th' ann a bhith gun dachaigh is dh'fhaodadh e tachairt do neach sam bith. Bhrosnaichinn companaidhean a bhith a' tabhann ghreisean gnìomhachais na bu trice, oir atharraichidh sin beatha mar a dh'atharraich e mo bheatha-sa."

Aig cuirm, dh'innis Am Prionnsa do stiùirichean gnìomhachasan, a thuilleadh air dèiligeadh ri cùisean sòisealta, gun robh "dleastanas deatamach" aca cuideachd co-cheangailte ri atharrachadh gnàth-shìde, a dh'ainmich e mar an dùbhlain as motha san t-saoghal an-diugh. 'S e Corporate Leaders' Group on Climate Change, aon de na h-iomairtean as cudromaiche aig A Mhòrachd Rioghail sa cheàrnaidh seo. Tha e eagraichte le a phrògram, Business and the Environment, buidheann charthannais a tha stèidhichte aig Oilthigh Chambridge.



GU H-ÀRD
Am Prionnsa toirt òraid seachad dha
Business in the Community.

Tha a' Bhuidheann air a dèanamh suas le àrd stiùirichean cuid de na companaidhean as motha a tha san RA. Sa Chèitean 2005 chuir iad co-litir chun Phrìomhaire a' tabhann cuideachadh dhan riaghaltas le leasachadh poileasaidhean ùra, fad-ùine, airson dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde agus a bhith a' co-obrachadh leis an riaghaltas a dh'ionnsaigh neartachadh adhartas dachaigheil is eadar-nàiseanta air lùghdachadh sgaoilidhean gas taigh-ghlainne. Gheall iad cuideachd brosnachadh a thoirt do ghnìomhachasan Breatannach eile agus do shluagh na RA, agus do riaghaltasan is gnìomhachasan eadar-nàiseanta, airson taic a thoirt dhan iomairt.

Tha Am Prionnsa a' creidsinn nach ann a-mhàin ri na gnìomhachasan as motha san dùthaich a tha e an urra pàirt a ghabhail ann an dìon na h-àrainneachd, agus, sa Mhàrt 2006 air turas gu Confederation of British Industry ann an Lunnainn, chuir e impidh air companaidhean beaga is meadhanach a bhith na bu mhothachail don àrainneachd. Rè an turais, chuir A Mhòrachd Rìoghail impidh air stiùirichean bho 60 companaidh Breatannach, beag is meadhanach, fàs nas èifeachdaiche a thaobh lùtha agus thuirt e gun cuidicheadh cleachdadh lùtha nas èifeachdaiche is nas ciallaiche agus a bhith a' cumail smachd air teicneòlasan ùra, le ìsleachadh sgaoilidhean gualain gun droch bhuaidh a thoirt air farpaiseachd mhalairteach.

Sa Ghearran 2006, chùm Am Prionnsa cuirm aig Clarence House airson comharrachadh a dhèanamh air 10 bliadhna de phrògram BITC eile, Race for Opportunity, a tha a' cuideachadh prìomh bhuidhnean prìobhaiteach is poblach tron RA gus daoine bho mion-choimhearsnachdan cinneachdail fhadstadh agus luchd-obrach nas eadar-mheasgte altram. Dh'innis Am Prionnsa dha aoighean aig a' chuirm gur e deagh bhrìgh ghnìomhachais, is nach b' e eagarachd phoilitigeach, a bh' ann an àrdachadh iomadachd chinneachdail. Tha còrr air 180 buidheann, a' gabhail a-steach Lloyds TSB, Sainsbury's agus An t-Arm air pàirt a ghabhail san sgeama bho thòisich i.

Chan eil dealas A' Phrionnsa ann a bhith ag àrdachadh chleachdaidhean gnìomhachais nas cunntasachaile air a chuingealachadh ris an RA. Ann an 1990, chuir A Mhòrachd Rìoghail International Business Leaders Forum (IBLF) a' Phrionnsa air chois gus brosnachadh a thoirt do ghnìomhachasan air feadh an t-saoghail a bhith a' co-obrachadh airson dèiligeadh ri bochdainn, neo-ionnanachd shòisealta agus duilgheadasan àrainneachd. San t-Samhain 2005, fhrithheil Am Prionnsa co-labhairt IBLF air iomairt òigridh aig na Rìoghachdan Aonaichte còmhla ri Kofi Annan, Rùnaire Coitcheann UN.

Aig a' cho-labhairt, chuala Am Prionnsa is Mgr. Annan, mar a bha stiùirichean ghnìomhachasan, buidhnean UN is buidhnean eile a tha an sàs ann am brosnachadh tionnsgaineachd òigridh, a' dèiligeadh ri duilgheadas cion cosnaidh is beag cosnaidh ann an coimhearsnachdan a tha ùr is a' tighinn am bàrr.

Tha IBLF cuideachd ag obair le a chompanaidhean ballrachd ann a bhith a' cuideachadh choimhearsnachdan anns an robh lèir-sgrìosan nàdarra, agus ann an 2005-06 thabhainn a' bhuidheann charthannais taic is comhairle le ath-thogail ghnìomhachasan a chaidh a sgrìos ann an tsunami Àiseanach 2004 agus crith-thalmhainn 2005 Phakistain.

Dh'innis Am Prionnsa
dha stiùirichean ghnìomhachasan,
a thuilleadh air dèiligeadh ri cùisean
sòisealta, gun robh “dleastanas deatamach”
aca cuideachd co-cheangailte ri atharrachadh
gnàth-shìde, a dh'ainmich e mar an dùbhlàn
as motha san t-saoghal an-diugh.

AN ÀRAINNEACHD NÀDARRA

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith a' sealltainn gu bheil ùidh mhòr phearsanta aige ann an ceistean na h-àrainneachd airson bhliadhnaichean. Bidh e a' tilleadh gu na cuspairean a leanas gu tric: feum air leasachadh a tha buan, maoireachd chunntasachail air ar goireasan nàdarra agus co-obrachadh domhanta airson ar dualchas àrainneachd a dhìon.

'S dòcha gu bheil barrachd feum air co-obrachadh domhanta nuair a thathas a' dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde, agus sa Chèitean 2005 thug A Mhòrachd Rìoghail a thaic do dh'iartras bho cheannardan corpora na RA airson barrachd co-obrachaidh eadar gnìomhachasan mòra is an riaghaltas ann a bhith a' lùghdachadh sgaoilidhean gas an taigh-ghlainne.

Thill A Mhòrachd Rìoghail gu cuspair atharrachadh gnàth-shìde san Dàmhair 2005 nuair a rinn e agallamh leis a' BhBC. San agallamh, thuir Am Prionnsa gum b' e atharrachadh gnàth-shìde "an dùbhlán bu mhotha bha mu choinneimh a' chinne-daonna" agus mhinich e gun robh e air a cho-èigheachadh uallaichean a thoirt am follais oir cha robh e airson gum faighnicheadh oighichean sam bith a bhiodh aige san àm ri teachd carson nach do rinn e càil mun chùis.

Corra sheachdain an dèidh an agallaimh, thuir Am Prionnsa ann an òraid dha luchd-gnìomhachais is luchd-àrainneachd ann an San Francisco gum feumadh Ameireagaidh treòrachadh a thoirt seachad le atharrachadh gnàth-shìde. A' bruidhinn aig co-labhairt a chuir am Business and the Environment Programme aige air chois, thuir e: "'S e suidheachadh eile a th' anns a' ghàbhadh àrainneachd a tha far comhair, far am faodadh na Stàitean Aonaichte a chumhachd is a bhuaidh a chleachdadh airson aonachd a chruthachadh ann an cùis choitcheann am measg dhaoine eadar-dhealaichte agus roinnean den t-sluagh.

B' e na bha gnìomhachasan a' dèanamh a thaobh dhuilgheadasan àrainneachd cuspair òraid a libhrig A Mhòrachd Rìoghail sa Chèitean 2005 dhan Instituid Chunntasairean Chùmhnachaidh. A' cur aithisg ùr bhon bhuidhinn Accounting for Sustainability aige air bhog, thuir Am Prionnsa gum faodadh buidhnean ann an roinnean poblach is prìobhaiteach diofar a dhèanamh don àrainneachd nan deigheadh modhan cunntasachd na b' fheàrr, a' cuimseachadh air seasamhachd, a leasachadh is a chur an gnìomh.

Chaidh aithne a thoirt do dh'ìlseachd A' Phrionnsa ann an togail aire do chùisean co-cheangailte ris an àrainneachd sa Mhàrt 2006 nuair a chaidh Awareness Award a thoirt dha aig cuirm bhliadhnail duaisean British Environment and Media a th' air a chur air chois le World Wildlife Fund (WWF). Thuir Robert Napier, Ceann-suidhe WWF, a thug an duais seachad, mu A Mhòrachd Rìoghail: "Bha WWF a' faireachdainn gun robh Prionnsa na Cuimrigh a' seasamh a-mach mar an aon bhuannaiche bha airidh air an duais seo, air sgàth a dhealasachd, chan ann a-mhàin airson mothachadh a thogail mu chùisean a tha nan cunnart don àrainneachd agus a bhith a' moladh fhuasglaidhean, ach cuideachd air sgàth gu bheil e na shlànaighear airson atharrachadh."

'S e aon de na dùbhlain ghèidhteachais a tha Am Prionnsa air a bhith a' comharrachadh airson iomadh bliadhna, an cunnart anns a bheil an albatross bho iasgachd lìn-fhada, cleachdadh a tha a' marbhadh 300,000 eun-mara gach bliadhna. Sa Ghiblean 2005 thàinig A Mhòrachd Rìoghail còmhla ris a' bhana-sheòladair cruinne, Dame Ellen NicArtair, ann an Lunnainn airson cur air bhog Operation Ocean Task Force, pròiseact a tha ag amas air an albatross a shàbhaladh bho a dhol a-mach à bith. Aig an tachartas-bogaidh thuir Am Prionnsa nach b' urrainn dha "suidhe an-seo is gun càil a dhèanamh fhad 's a bha an lèir-sgrìos neo-leisgeulach seo a thug an duine air fhèin a' dol a-mach à sealladh is à cuimhne."

Bha Worldwide Fund for Nature a' faireachdainn gun robh Prionnsa na Cuimrigh a' seasamh a-mach mar an aon bhuannaiche bha airidh air Duais Awareness air sgàth a dhealasachd, chan ann a-mhàin airson mothachadh a thogail mu chùisean a tha nan cunnart don àrainneachd agus a bhith a' moladh fhuasglaidhean is a' gnìomhachadh mar shlànaighear airson atharrachadh.

DUCHY ORIGINALS

Thòisich Prionnsa Na Cuimrigh a chompanaidh-bidhe fhèin, Duchy Originals, ann an 1990 le chiad bhathar— briosgaid air a dèanamh à cruithneachd is coirce organaig air Home Farm aig Highgrove. On uair sin, tha a' chompanaidh air fàs gu bhith na aon de na companaidhean as ainmeile agus as soirbheachaile san RA a thaobh biadh is deoch organaig, le còrr air 200 bathar eadar-dhealaichte, a' toirt a-steach còrr air £1 millean de phrothaid gach bliadhna, dha buidhnean carthannais.

Ann a bhith a' stèidheachadh Duchy Originals, bha Prionnsa na Cuimrigh a' feuchainn ri companaidh a chur air chois a chuidicheadh tuathanaich bheaga gu margaidh ùr fhaighinn dhan bhathar aca fhad 's a bhathas a' tabhann deagh bhiadh nàdarra air an luchd-ceannachd agus ag adhartachadh dhòighean-cinneachaidh nas seasmhaiche a bha a' mathachadh na talmhainn is a' dìon na h-àrainneachd. An-diugh tha an stuth cho taitneach do dhaoine 's, ann an 2005-06, gun mheudaich luach nan reic gu £46 millean agus dh'èirich prothaidean gu £1.2 millean, a' toirt an t-suim iomlan a thug Duchy Original gu Bunait Charthannais a' Phrionnsa suas gu faisg air £6 millean.

Am measg prìomh leasachaidhean na bliadhna, 's dòcha gum b' e am fear bu chudromaiche an co-dhùnadh gluasad a-steach gu saothrachadh airson a' chiad uair le stèidheachadh taigh-fuine Duchy Originals ann an Launceston, sa Chòrn. Tha an taigh-fuine a' dèanamh taghadh de phasties is pastraidh organaig, bho stuthan sgìreil agus a' toirt cosnadh dha daoine bhon sgìre. Thòisich Duchy Originals cuideachd air a chiad iomairt shanasachd ann an 2005. Bha seo a' cuimseachadh air Lunnainn is an Earra-dheas is a' gabhail a-steach clàran-bìle a-muigh is postairean tagsaidh a thuilleadh air sanasan ann am prìomh irisean-bidhe.

Chaidh raon de dh'innealan-gàrraidh Duchy Originals a chur air bhog cuideachd tron bhliadhna. Tha na h-innealan air an dèanamh san RA, is ga saothrachadh ann an com-pàirt le prìomh dhèanadair inneal-gàrraidh, Caldwells, companaidh teaghlaich Bhreatannach a th' air a bhith dèanamh innealan bho 1770. Thug na h-innealan tuilleadh leudachaidh air bathar neo-bhiadhail Duchy Originals, a tha a' gabhail a-steach stuthan fuil is cùram-bodhaige.

Ach tha biadh gu mòr aig cridhe a' ghnìomhachais, agus san Lùnastal 2005 bhuannaich Duchy Originals ceithir duaisean cliùiteach òir aig Great Taste Awards, a th' air a ruith le Guild of Fine Food Retailers. Tha na duaisean, agus soirbheachadh na companaidh air fad, a' sealltainn gu bheil Duchy Originals a' coileanadh tùs-dhleastanas a' Phrionnsa airson "virtuous circle" a chruthachadh le gnìomhachas a tha a' cuideachadh le dìon na h-àrainneachd tro thuathanachas organaig, a' cuideachadh tuathanaich bheaga is saothraichean bidhe, a' tabhann deagh bhathar dha luchd-ceannachd agus a tha a' dèanamh airgead dha buidhnean carthannais.



GU H-ÀRD

Aran-geàrr Duchy Originals agus innealan-gàrraidh làimhe. Pàirt de thaghadh mòr de stuthan bhon Diùcachd.

AN ÀRAINNEACHD THOGTE

Tha miann A Mhòrachd Rìoghail airson an àrainneachd nàdarra a dhìon is a chumail suas co-ionnan ris an ùidh a th' aige san àrainneachd thogte is a' bhuaidh a th' aig sin air beatha dhaoine. Tha Am Prionnsa a' creidsinn gun gabh barrachd a dhèanamh airson cruthachadh ceàrnaidhean bailteach a tha a' brosnachadh faireachdainn coimhearsnachd is uaill agus a tha ag altram tairbhe an fheadhainn a tha a' còmhnaidh ann is a' leighis dhuilgheadasan sòisealta.

Airson cuideachadh le bhith a' cur a bheachdan is a phrionnsabalan an gnìomh, ann an 1992 stèidhich A Mhòrachd Rìoghail Institute of Architecture a thàinig gu bith sia bliadhna an dèidh sin mar The Prince's Foundation for the Built Environment, a tha an-diugh a' tabhann sheirbheisean co-chomhairleachaidh is foghlaim dha pròiseactan mòra leasachadh-bailteach is ath-leasachaidh.

Tha an t-eisimpleir as fheàrr de phrionnsabalan gnìomhachail am Foundation ri fhaighinn ann am Poundbury ann an Dorset far a bheil Am Prionnsa airson 16 bliadhna air a bhith a' stiùireadh leasachadh de leudachadh bailteach Dhorchester air fearann Diùcachd na Còirn. Tha an Diùcachd air cuideachadh le bhith ag àrach faireachdainn coimhearsnachd ann am Poundbury le bhith ag aonadh taigheadas priobhaiteach is sòisealta, a' dealbhachadh sràidean choisichean, a' lùghdachadh bhruthaidhean còmhhdala le bhith ag aonadh ghoireasan oifis is malairteach ann an ceàrnaidhean còmhnaidh, is a' dealbhachadh thogalaichean a tha a' foillseachadh cruth is ailtireachd sgìreil.

San Ògmhios 2005, choinnich A Mhòrachd Rìoghail ris an 100mh fhèar-gabhaltais a fhuair taigh ruigsinneach ann am Poundbury. An dèidh iuchraichean an dachaigh, a th' air a ruith le Urras Guinness, a thoirt dha Rebecca is Antony Dòmhnallach is an ceathrar chloinne, thuirt Am Prionnsa: "S e là mìorbhaileach a tha seo agus clach-mhìle chudromach san leasachadh air fad." Lean e air ag ràdh gun robh Poundbury air dearbhadh gun robh na breitheamhan a bha ag ràdh nach b' urrainn do thaigheadas ruigsinneach is priobhaiteach a thighinn beò taobh ri taobh, ceàrr.

Tha prionnsabalan planaidh is dealbhachaidh a tha an sàs ann am Poundbury gan cleachdadh cuideachd ann an leudachadh baile a thathas a' leasachadh air fearann Diùcachd na Còirn ann an Newquay sa Chòrn agus aig gach àite 's e aon de na prìomh mhiannan coimhearsnachd, a bhios nas fhallaine, a chruthachadh dha luchd-còmhnaidh. San Fhaoilleach 2006, thuirt Am Prionnsa, ann an òraid air slàinte is dealbhachadh bailteach, aig co-labhairt ann an Lùchairt St James, a chuir a Bhunait is King's Fund air chois gun cuidich dealbhachadh nas fheàrr de dhachaighean is choimhearsnachdan ann a bhith a' lùghdachadh dhuilgheadasan slàinte is sòisealta.

Tha Am Prionnsa cuideachd a' creidsinn gum bu choir dealbhachadh coimhearsnachdan ùra dìon na h-àrainneachd nàdarra a ghabhail a-steach. San Fhaoilleach 2006 thadhail e air Siorrachd Northampton gus faicinn air a shon fhèin mar a tha leudachadh bailteach Upton, le taic na Bunait, a' dèiligeadh ri uallaichean àrainneachd le bhith a' cleachdadh stuthan togail sgìreil, a' cur ghoileadairean is globan-solais lùth-ìosal ann an dachaighean ùra agus gan còmhdachadh le clòimh chaorach an àite stuthan làimh-dhèante.

A thuilleadh air cuideachadh le togail coimhearsnachdan ùra nas fheàrr, tha A Mhòrachd Rìoghail cuideachd a' creidsinn ann a bhith a' toirt taic dha aig is ath-leasachadh dualchas ailtireachd na dùthcha a th' air a leigeil fàs no air dhearmad. San Ògmhios 2005 chaidh e gun Royal Arsenal ann an Woolwich, Lunnainn, airson sealltainn ris an leasachadh leantainneach ann an taigheadas priobhaiteach is ruigsinneach, agus na b' fhaide sa mhios thadhail e air Pàislig faisg air Glaschu airson leasachadh Anchor Mills fhosgladh, pròiseact ath-nuadhachail dha bheil Urras Ath-leasachaidh a' Phrionnsa toirt taic.

Cha ghabh atharrachadh seann thogalaichean a dhèanamh ann an dòigh bàidheil gun luchd-ciùird aig a bheil sgilean freagarrach, agus tha Am Prionnsa air nas urrainn dha a dhèanamh airson iomadh bliadhna gus brosnachadh is cuideachadh a thoirt do theagasg sgilean togail traidiseanta san RA. Mar eisimpleir, tha The Prince's Foundation for The Built Environment, air a bhith ruith prògram airson iomadh bliadhna airson trèanadh a thoirt do sgoilearan ciùird agus ann an 2005-06 chaidh planaichean ùra a leasachadh airson am prògram fhilleadh a-steach ann an obair ath-nuadhachail choitcheann A Mhòrachd Rìoghail.

San t-Sultain 2005, thadhail e air pròiseact ath-leasachaidh thùsail aig Woodchester Mansion faisg air Stroud ann an Siorrachd Gloucester, far an tuir Stephen Davis bho Woodchester Mansion Trust gum feumte tuilleadh a dhèanamh airson daoine òga a bhrosnachadh gus obair-chiùird a ghabhail os làimh, is e ag ràdh, “ Tha fìor ghainnead de dhaoine sna roinnean sin agus tha mi a’ smaoineachadh gu bheil Am Prionnsa a’ faireachdainn gum bu chòir barrachd brosnachaidh a thoirt dha daoine airson na ciùird sin a ghabhail os làimh.”

Chaidh aithne a thoirt do dh'obair A' Phrionnsa a thaobh a bhith ag àrdachadh gnè na h-àrainneachd thogte san t-Samhain 2005 nuair a fhuair e duais Vincent Scully an National Building Museum ann an Washington DC airson na chuir e ris an deasbad air ailtireachd agus planadh bailteach.

**Chaidh aithne a thoirt
do obair A' Phrionnsa
a thaobh a bhith ag àrdachadh
gnè na h-àrainneachd thogte
san t-Samhain 2005 nuair
a fhuair e duais Vincent Scully
an National Building
Museum ann an Washington
DC airson na chuir e ris an
deasbad air ailtireachd is
planadh bailteach.**

NA H-EALAIN

Tha A Mhòrachd Rìoghail air a bhith a-riamh na neach-taic eudmhor dha na h-ealain agus tha e a' creidsinn gu làidir gu bheil brosnachadh ealanta is sna h-ealain na phàirt riatanach de bheatha iol-ghnèitheach, shìobhalta. A thuilleadh air a phrìomh bhuidhnean carthannais fhèin - na h-Ealain is Gnìomhachas, The Prince of Wales Arts & Kids Foundation, The Prince's Drawing School agus The Prince's School of Traditional Arts – tha e cuideachd na cheann-suidhe no na chùl-taic air 30 prìomh bhuidheann ealain RA.

A h-uile bliadhna, tha A Mhòrachd Rìoghail a' saothrachadh airson cumail suas nam buidhnean ealain ris a bheil ceangal dìreach aige – le bhith a' frithealadh an consairtean, a' cumail chuirmean dhan luchd-taic, agus a' toirt brosnachadh dom prògraman leasachaidh. Bidh e cuideachd ag urrasachadh luchd-ealain is luchd-ciùil òga gu pearsanta, leithid Clàrsair Oifigeil agus bidh e a' dèanamh nas urrainn dha gus cuideachadh a thoirt do dhaoine òga eòlas a chur air na nithean as fheàrr ann an ealain na RA. Sa Ghearran 2006, mar eisimpleir, chaidh Prionnsa na Cuimrigh còmhla ri còrr air 450 pàiste-sgoile gu taisbeanadh Arts & Kids ann an Lunnainn far an robh foillseachadh ga dhèanamh air toraidhean pròiseict nàiseanta, a tharraing còmhla sgoilearan bho 28 sgoiltean is luchd-ealain proifeiseanta ann am bùthan-obrach air feadh na dùthcha. Am measg an luchd-ealain a bha ag obair còmhla ris a' chloinn bha an dealbhadair, Quentin Blake.

Tha Bana-dhiùc na Còirn cuideachd na neach-taic eudmhor dha na h-ealain, agus b' e aon de nithean sònraichte bliadhna A Mòrachd Rìoghaile a ciad turas gu Unicorn Theatre for Children ann an Lunnainn bho thàinig i gu bhith na cùl-taic aca. Stèidhichte ann an 1947, 's e dèanadair phròiseactan cliùiteach dràma is foghlaim dha clann 4-12 a th' anns an Unicorn. Sa Mhàrt 2006 fhritheil A' Bhana-dhiùc ullachaidhean, chunnaic i prògram sgoiltean sa phrìomh lann-cluiche agus choinnich i ri clann a bha a' gabhail pàirt ann am bùth-obrach foghlaim.

Tha Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd a' toirt taic do na h-ealain litreachail, agus sa Ghearran 2006 fhritheil iad cuirm aig Acadamaidh Rìoghail nan Ealan ann an Lunnainn airson comharradh a dhèanamh air 100 bliadhna den Everyman Library, a bhios a' clò-bhualadh dhreachan ruigsinneach de na classics. Aig an tachartas rinn Am Prionnsa moladh mòr air Everyman, a tha, sna h-ochd bliadhna mu dheireadh, air seat iomlan de a phrìomh shreath de thri cheud leabhar a thoirt do gach àrd-sgoil stàite san RA, a thuilleadh air dha 1,700 sgoil is leabharlannan ann an 77 dùthchannan san t-saoghal fo-leasachaidh.

Tha Am Prionnsa a-riamh air prìomhachas a thoirt do dh'fhoghlam is trèanadh anns na h-ealain agus san Iuchar 2005 thug e teisteanas dha tidsearan ùr-ciùil aig Acadamaidh Rìoghail a' Chiùil na dhreuchd mar Cheann-suidhe Associated Board of Royal Schools of Music. Tha an cùrsa teagaisg a' toirt cothrom dha tidsearan sàr-chleachdadh a roinn agus an dòigh-teagaisg fhèin a chur fo dheuchainn.

A h-uile bliadhna bidh Am Prionnsa a' dol air tursan riaghailteach gun Drawing School ann an Shoreditch, taobh an ear Lunnainn, airson cumail suas ri adhartas nan oileanach. Tha an carthannas foghlaim na ionad sàr-mhathais airson dealbhadh amhairceach. San t-Samhain 2005 choinnich Am Mòrachdan Rìoghail ri cuid de luchd-ealain na Sgoile agus sheall iad rin obair aig taisbeanadh. Chaidh faisg air 4,000 oileanach a theagaisg san Sgoil bho chaidh a stèidheachadh ann an 2000.

Mar Cheann-suidhe de Bhuidheann Rìoghail Shakespeare bidh Am Prionnsa a' tadhal air Stratford-upon-Avon gu cunbhalach, agus san t-Samhain 2005 bha e na fhear-cathrach aig Coinneamh Bhliadhnail na Companaidh aig Swan Theatre, choinnich e ri cuid den luchd-obrach cùil agus chuala e mu phlanaichean adhartach an RSC gach fear de 37 dhealbh-chluichean Shakespeare a chur air àrd-ùrlar ann an 2006. Aig an AGM dh'ìarr Am Prionnsa a leisgeul a ghabhail seach nach robh e a' tighinn gu Stratford tric gu leòr, is e ag ràdh: "Tha mi duilich nach d' fhuair mi air a thighinn gu Stratford ann am bliadhna a th' air a bhith air leth trang – dh'adhbhraich Merry Wiving ann an Windsor Much Ado ach All's Well that Ends Well!"

CLÀRSAIR OIFIGEIL A' PHRIONNSA

A thuilleadh air a bhith a' toirt taic do dh'iomadh buidheann ealain, tha A Mhòrachd Rìoghail cuideachd na chùl-taic pearsanta dha luchd-ealain fa leth. Ann an 2000, dh'ath-shuidhich e dreuchd Clàrsair Prionnsa na Cuimrigh gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh is ag àrach tàlant a' chiùil sa Chuimrigh agus san RA agus gus ìomhaigh na clàrsaich mar ionnsramaid àrdachadh.

'S i Jemima Phillips (deas) à Ebbw Vale a tha san dreuchd an-dràsta. Tron bhliadhna chaidh seachad tha Jemima air cluich aig grunn thachartasan rìoghail, a' gabhail a-steach cuirm pòsaidh A' Phrionnsa is na Bana-dhiùc ann an Caisteal Windsor sa Ghiblean 2005, agus sa Mhàrt 2006 aig fosgladh an Senedd, seòmar deasbaid an t-Seanaidh ùir Cuimreach ann an Cardiff.

Tha Jemima air a ràdh gur e “urram mòr” a th' ann a bhith na Clàrsair ach dh'fhaodadh deagh shochairan proifeiseanta a bhith na lùib cuideachd. Mar a thuit Catrin Finch, an tè a bh' ann roimhe, nuair a dh'fhàg i an dreuchd ann an 2004: “Tha e air iomadh doras fosgladh dhomh nach biodh rud sam bith eile air a dhèanamh.”